

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2020 | 3 | AN T-SULTAIN



## Facal Toisich

Tha sinn a' tighinn beò ann an àm a tha glè dhuilich. Tha sinn air mìosan an earraich a chur seachad fo ghlas an taighe, air a sgaradh o chàirdean is o choimhearsnaich. Tha feumalachdan na slàinte air feumalachdan na h-eaconamaidh a mhùthadh, a' fàgail mòran ann an suidheachadh air leth cugallach.

Bidh eagal air daoine ron bhìoras ghabhaltach bhàsmhor seo, a tha air cur às do na mìltean, airson ùine fhathast. Gu sònraichte, tha sinn a' cuimhneachadh orra nach eil nar measg tuilleadh, agus orra-san nach d'fhuair cothrom ceart air cead deireanaich fhàgail aig an fheadhainn a shiubhal.

Thuir Dia, “Na biodh eagal ort, oir tha mise maille riut; na biodh geill ort, oir is mise do Dhia; neartaichidh mi thu; seadh, cuidichidh mi thu; seadh, cumaidh mi suas thu le deaslàimh m' fhìreantachd” (Isaiah 41:10). Nuair a tha sinn anns an Tighearna, chan fheum eagal a bhith oirnn oir tha Dia leinn, a' cumail treòir agus furtachd rinn. Tha Esan gar neartachadh agus gar cuideachadh tro gach cruas agus èiginn.

Tha sinn a' deasachadh na h-iris seo aig uair far a bheil riaghailtean a' ghlasaidh gan lasachadh. Tha cead aig teaghlachan gu cruinneachadh a-rithist. Seadh, tha mi cinnteach gum bi seann-phàrant no dìthist a' dèanamh gàirdeachas le bhith a' togail ogha ùir airson na ciad uarach. Bidh mòran a' dèanamh gàirdeachas cuideachd gum bi cead aig na h-eaglaisean fosgladh ro dheireadh an luchair.

Tha suidheachadh a' bhìoras a' fàgail gun robh sinn fad deagh ghreis às aonais cuid de na nithean a bu phrìseile dhuinn. 'S e ar dòchas gum bi sinn buileach nas taingeile airson na cuide a th' againn anns an t-saoghal seo, eadar slàinte, càirdeas agus creideamh.

Leis gach beannachd,  
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann  
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

## Dealbh



© Liam Alastair Crouse

'S e seo Clach an t-Sagairt, faisg air Dùn Rosail, Clachan Shannda, Uibhist a Tuath. Chan eil fios le cinnt cò an linn dham buin an snaidheadh a th' air a' charraig seo, ged a tha cuid de sgoilearan a' smaointinn gum faodadh e a bhith gu math sean. Dh'fhaodadh gu bheil i am measg nan snaidhidhean-cloiche àrsaidh ud a bhuineas don linn mus tàinig na Lochlannaich. Ma tha, tha i na fianais air sgeulachd na Crìostachd tràtha ann an Uibhist. Tha ainm eile oirre: “Crois Adhamhnain”, agus tha i faisg air an làrach far an robh Cille Chalum Chille, uair dha robh saoghal.

# Gàidhlig Shìmplidh

Chì sibh ann an Searmon Beag gu bheil Bria Mason a' meòrachadh air sgeulachd ainmeil ann an Soisgeul Lùcais, sgeulachd Mharta agus Mhuire. 'S e peathraichean a bh' annta, agus bha iad am measg luchd-leanntainn Ìosa. Bha bràthair aca, Làsaras, agus tha sgeulachd eile mu dheidhinn cuideachd. Ann an Lùcas 10: 38 - 42, chì sinn gun robh Marta gu math trang a' cur a h-uile rud air dòigh san taigh, agus bha i crosta nach d' rinn Muire ach suidhe agus èisteachd ri Ìosa, gun a bhith a cuideachadh idir. Thuir Ìosa do Mharta gun robh e nas cudromaiche ùine a ghabhail ga èisteachd. Aig amannan, bidh sinn uile coltach ri Marta - tha cus againn ri dhèanamh, tha sinn trang. Ach feumaidh sinn stad, feumaidh sinn ùine a chur seachad ag èisteachd ri Ìosa, a' meòrachadh air facal Dhè a h-uile là, *ga smaoinichidh' oidhch'* is là, mar a thuir Daibhidh (Salm 1: 2)

## Beagan taic

a' meòrachadh - considering, meditating on  
Muire - Màiri (anns a' Bhìobail)  
mu dheidhinn - about him  
a cuideachadh - helping her  
nas cudromaiche - more important  
ga èisteachd - listening to him  
ga smaoinichidh - thinking about it

# Searmon Beag

Bria Mason, Dùn Èideann

Lùcas 10: 38 - 42

Tha mise an-còmhnaidh trang. Fiù 's a-nise, anns a' ghlasadh-shluaigh, tha mi air an tìde agam a lìonadh. Bidh mi a' bruidhinn ri caraidean agus teaghlach, bidh mi ag obair bhon taigh, agus bidh mi a' feuchainn ri rudan eile a dhèanamh an-siud 's an-seo airson daoine eile a chuideachadh.

Ach chan eil e riamh gu leòr; chan urrainn dhomh gu leòr a dhèanamh. Tha soithichean an-còmhnaidh ri nighe ged a rinn mi an-dè iad, agus tha puist-d an-còmhnaidh agam ri freagairt - nuair a chuireas mi post-d gu cuideigin, bidh iad a' sgrìobhadh air ais a-rithist! Agus a bharrachd air na rudan làitheil seo, tha rudan mòra is cudromach a' tachairt san t-saoghail.

Tha daoine mu dheireadh thall ag èirigh le fearg gu bheil gràin-chinnidh cho uabhasach a' tachairt sna dùthchannan againn. Tha mì-cheartas sna coimearsnachdan againn, cho math ri bhioras, agus tha iomadh daoine a' fulang, agus tha obair mhòr romhainn.

Ciamar a dhèiligeas sinn ri seo? Tha na rudan seo uile cudromach - tha e cudromach a bhith an conaltradh ri teaghlach, na soithichean a nighe, agus sabaid an aghaidh mì-cheartais. Bidh mise gu tric a' faireachdainn lag nuair a smaoinicheas mi air na tha romham ri dhèanamh, agus bidh mi faireachdainn mar nach urrainn dhomh càil a dhèanamh.

Bidh mi a' dìochuimhneachadh gum bu chòir dhomh stad. Bidh mi a' dìochuimhneachadh gu bheil e ceart cho cudromach a bhith ag èisteachd ri Dia, earbsa a bhith agam ann an Dia, creideamh a bhith agam. Chì sinn sin san leughadh mu Mhuire is Marta.

Bha mi riamh a' faireachdainn mar nach robh seo cothromach do Mharta, a tha ag obair gu cruaidh gus cuideachadh, agus gus na tha an cultar agus an teaghlach ag iarraidh bhuaiphe. Bha mi riamh a' faireachdainn mar gun robh Ìosa rud beag searbh dhì.

Ach nuair a leugh mi seo an t-seachdainn-sa, bha mi a' faireachdainn rudeigin eile. Bha mi a' faireachdainn gun robh Ìosa a' toirt cead dhi, cead gum b' urrainn dhi stad agus suidhe aig glùn Ìosa, gun robh cead aice meòrachadh agus èisteachd an àite bhith dèiligeadh ris a' bhiadh agus ris na soithichean. An t-seachdain seo, nuair a leugh mi seo, bha e a' faireachdainn mar seòrsa saorsa.

Leugh mi artagail san do bhruidhinn màthraichean dubha às a' bhaile às a bheil mi fhìn ann an Wisconsin mu dheidhinn togail an cuid cloinne ann an saoghal làn gràin. Seo na thuir aon dhiubh:

*'...[I]nstead of unlearning racism, white people need to learn how to love. If that officer loved George Floyd, would he have put his knee on his neck until he died?...[L]ove is what we need...If you love me, you will treat me right. We make it much more complicated than it needs to be.'*

Agus chan eil àite nas fhèarr airson ionnsachadh agus airson cuimhneachadh air gaol na còmhla ri Dia. Ged a tha sinn feargach, feumaidh gaol a bhith againn air a h-uile neach a tha a' fulang agus a h-uile neach a tha ga adhbhrachadh. Agus feumaidh gaol a bhith againn oirnn fhìn, cuideachd. Chan eil na rudan seo furasta.

Tha mi an dòchas, a charaidean, sna h-amannan duilich sa bheil sinn, gum bi sinn uile ag èisteachd ri Ìosa agus a' gabhail na pàirte as fheàrr. Gum bi sinn a' smaointinn air rudan àlainn, nach bi sinn a' gabhail cus dragh mu na rudan beaga, ach gum bi sinn a' cur ar n-earbsa ann an Dia.

Chan eil fhios agam dè an rud as fheàrr ri dhèanamh dhan t-saoghail, no ri càch a chèile, ach ge b' e dè a th' ann, tha mi cinnteach gu bheil e a' tòiseachadh le èisteachd ri Dia agus earbsa a chur ann-san, agus gum bi e a' tòiseachadh le gaol.

<https://www.wpr.org/let-me-bring-you-home-well-fight-later-black-mothers-reflect-raising-their-children>

## An t-Urr. Dòmhnall MacNeacail: Beatha agus Dìleab

An t-Oll. Domhnall Uilleam Stiùbhart, Sabhal Mòr Ostaig

Am measg ministearan na Gàidhealtachd ri linn an t-Soillseachaidh anns an dàrna leth den ochdamh linn deug, 's gann gun robh duine aca a b' àirde cliù airson a chuid sgoilearachd, no gu dearbh a bu mhiadhaile aig muinntir na sgìre aige, na an t-Urr. Dòmhnall MacNeacail



(1736–1802), ministear Lios Mòr agus na h-Apann. Chuir e ri chèile leabhar eirmseach geur-fhaclach mar fhreagairt do na ròlaistean agus don sgeigeireachd mu na Gàidheil agus mu dhualchas nan Gàidheal a bha a' ludraigeadh cunntas-siubhail an Dr Samuel Johnson mun turas dhùbhlanaich a thug e fhèin agus James Boswell do na h-eileanan ann an 1773. Dh'fhaodadh e bhith nach eil na Remarks On Dr Samuel Johnson's Journey To The Hebrides (1779) aig MacNeacail air am meas a chosnadh am measg sgoilearan an latha an-diugh air a bheil e airidh, ach phàigh am ministear air ais ann an gearradair eachd chainnte—ach cuideachd ann am breithneachadh cothromach—airson an sgannail agus na tàire a thog an t-ollamh mòr Sasannach air slugh na Gàidhealtachd agus air an cultar. An-diugh, ge-tà, tha eòlas nas motha am measg Ghàidheal air Dòmhnall MacNeacail air sgàth an òrain-ghaoil ainmeil Mo shùil ad dhèidh a rinn e do Lìlias Chaimbeul, an tè a phòsadh e; cluinnear gu tric e aig na cèilidhean fhathast.

Ann an saoghal sgoileireachd na Gàidhlig, tha cliù aig Dòmhnall MacNeacail chan ann a-mhàin airson na rinn e de dh'òrain Ghàidhlig, ach airson na chruinnich e dhiubh cuideachd. Chan eil sgoilear sam bith a chuireas a-steach a thìde ag ionnsachadh ceàird litreachas na Gàidhlig nach suath uair no uaireigin ri pàipearan MhicNeacail, 's iad loma-làn de rannan agus de dh'òrain bho air feadh na Gàidhealtachd, ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus ann an Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann. Tha e follaiseach gun robh liut aig MacNeacail ann an conaltradh agus ann am fearas-chuideachd; bha inntinn gheur- bhreithneachail aige, agus ùidh aige na cho-chreutairean agus anns na bh' aca ri ràdh: feartan deagh neach- cruinneachaidh—agus, tha fhios, feartan deagh mhinistear cho math. Tha na h-ultaichean de làmh-sgrìobhainnean sgrìobhte le Dòmhnall MacNeacail rin leughadh anns na tasglannan, fada fada a bharrachd na th' againn le duine sam bith de 'cho-aoisean air a' Ghàidhealtachd.

Am measg pàipearan MhicNeacail, tha cruach mhòr de shearmoin, 's dòcha còrr agus 250,000 facal uile gu lèir, 's iad taisgte ann an Leabharlann Oilthigh Ghlaschu. Aitheamhan de dh'fhacail, ann an guth sàr sgoilear Gàidhealach: chan eil rian nach taisbean cruinneachadh MhicNeacail dhuinn iomadach sealladh ioma-ghnèitheach luachmhor mu chànan na Gàidhlig, agus gu dearbh mu chreideas an agus mu bheachd- smuaintean a luchd-labhairt, ri linn bhliadhnanachan bruailleanach caochlaideach an dàrna leth den ochdamh linn deug.

Ach chan e seo làn bhrìgh na cùise. An cois a' chruinneachaidh, dh'fhàg MacNeacail againn leabhran beag anns am faighear clàr, le fiosrachadh mu na cinn-teagaisg, na cinn-latha, na h-àiteachan, agus gu dearbh mun chànan anns an do labhair e iad—agus, gu math tric, a labhair e a-rithist iad—fad a rèis mar mhinistear, bho 1766 gu ruige 1802. Mar sin, thèid againn air latha-lìbhrigidh a chur mu choinneamh gach uile searmoin a tha air mairsinn an-diugh, goireas leis am faod sinn rannsachadh mu mar a dh'atharraich cainnt agus ùidhean MhicNeacail thairis air cha mhòr dà fhichead bliadhna. Leis mar a dh'innseas an clàr dhuinn cia liuthad uair a chaidh gach searmon a lìbhrigeadh—gu h-àraid an fheadhainn 'spaideil' shoirbheachail a bheireadh e seachad ri linn òrdaighean sgìrean eile—faodaidh sinn beachd a ghabhail air dè na searmoin, ann am barail a' mhinistear co-dhiù, bu mhotha a dhrùidh air an èisteachd.

Ann an grinneas cainnt, ann an sgaoilteachd fharsaing chuspairean, bheir searmoin an Urr. Dòmhnall MacNeacail dhuinn fianais air leth mu chànan, litreachas, eachdraidh, agus creideamh nan Gàidheal. Tha mi fada an comain muinntir Oilthigh Ghlaschu leis mar a builich iad sgoilearachas fialaidh orm gus sùil nas dlùithe a thoirt air dìleab a' mhinistear anns na mìosan a tha romhainn. Tha mi a' dèanamh fughair ris an obair-rannsachaidh seo, agus gu dearbh ri bhith a'

beachdachadh mu ciamar a thèid an cruinneachadh prìseil seo a chur fo chomhair a' mhòr-shluaigh, ann an Alba agus nas fhaide air falbh.

Tha an luchd-deasachaidh an dòchas gun cluinn sinn barrachd bhon Oll. Domhnall Uilleam Stiùbhart air an rannsachadh seo san àm ri teachd. 'S e cuspair fìor inntinneach a th' ann, agus tha sinn a' dèanamh fughair ri saothair phrìseil MhicNeacail a bhith air a fuasgladh do luchd na Gàidhlig a-rithist. B' ann as an Apainn a bha sinnsearachd mo mhàthar (Stiùbhartaich, mar a bhios sibh an dùil!), agus tha e gu math coltach gun d'èist iad ri MacNeacail a' lìbhrigeadh co-dhiù cuid de nan searmon anns na pàipearan a tha an t-Oll. Stiùbhart a' rannsachadh a-nis. [DS]

## An Eaglais air loidhne

Ged tha an glasadh-sluaigh a' fuasgladh beag air bheag, tha ar toglaichean fhathast dùinte aig an àm-sgrìobhaidh, agus tha eaglaisean air feadh na dùthcha ag obair gu cruaidh gus seirbheisean agus coinn-eamhan a' cumal air an eadar-lìon. Anns a' Mhàrt, thug sinn iomradh aig caochladh iomairtean gus obair na h-eaglaise a chur an gnìomh air-loidhne anns a' Ghàidhlig, agus seo ùrachadh-fìos dhuibh air na tha a' dol a-nis:

- Bidh ùrnaigh eadar-eaglaiseach fhathast ga foillseachadh a h-uile seachdain, agus bidh daoine a' leughadh an tionndaidh Ghàidhlig air feadh an t-saoghail eadar Alba Nuadh agus Na Hearadh, agus eadar Slèite agus Melbourne. Ma bhios sibh ag iarraidh an ùrnaigh fhaighinn tro post-d, sgrìobhaibh do [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com)
- Chaidh sianal YouTube a chur air dòigh, Eaglais Ghàidhlig Air-loidhne, mar iomairt eadar Eaglais Ghàidhlig Chaluim Chille ann an Glaschu agus Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Èideann. Lorgar ann seirbheis Ghàidhlig ùr gach seachdain. ([https://www.youtube.com/channel/UC5IfnFkXnGdVHnQ67L\\_boWg](https://www.youtube.com/channel/UC5IfnFkXnGdVHnQ67L_boWg))
- Bidh Seirbheis Ghàidhlig Inbhir Pheofharain a' craoladh na seirbheis eadar-eaglaisich aca beò air a' chiad Latha na Sàbaid dhen mhìos, air sianal YouTube Eaglais Shaor Inbhir Pheofharain (Dingwall Free Church: <https://www.youtube.com/channel/UCIOJMFzw5xHWF-w7rkOvxMiA>)
- Dìreach mus do thòisich an glasadh-sluaigh, chuir an t-Urr. Richard Baxter, ministear sa Ghearasdan, buidheann-leughaidh air dòigh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a' cleachdadh eadar-theangachadh ùr dhen Tiomnadh Nuadh mar theacsa-leughaidh. Tha sin a-nis air a gluasad gu Zoom, agus tha dà bhuidheann ann, buidheann do luchd-tòisichidh agus buidheann eile dhaibh-san a tha nas fileanta. Bidh mu 20 daoine a' gabhail pàirt, cuid ann an Alba Nuadh, Brasil agus Argentina cho math ris an Òban, a' Ghearasdan agus an Eilean Sgitheanach! Ma tha ùidh agaibh ann am pàirt a ghabhail, sgrìobhaibh do [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com)
- Tha barrachd agus barrachd stuth ga chur ri [www.AnSgeulMor.co.uk](http://www.AnSgeulMor.co.uk). Tha goireasan chloinne - leithid sgeulachdan às na Sgrìobtairean, ùrnaighean, figheachain-fhaclan agus rudan eile dhen t-seòrsa sin, cho math ri searmonan, ùrnaighean agus goireasan do sheirbheisean.

## AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com).

## Rannan bho Fuil na Rèite

*Murchadh a' Cheisteir  
(air fonn Banks of Loch Lomond)*

O, èisd, anam èisd, gabh an cuireadh tha bho nèamh  
'S na bi fuireach na do reubal an Sòdom;  
Thig fo chrathadh fùil na rèit', ann an sealladh a'  
chruinn-cheusaidh,  
'S bidh sagartachd Mhic Dhè dhut mar dhòchas.

Ged nach eil mo ghuth glè bhinn, tha mi togarrach  
gu seinn,  
'S tha mi coma ged a chluinnt' ann an glòir mi,  
Cur an cèill do shluagh an t-saoghail cò 'n Tì tron  
d'fhuair mi saors'  
Nuair bha m' anam truagh an daors' is eu-dòchas.

Cho fad 's a bha mi falbh air an t-seachran, gun  
iomradh  
Gu robh mi a' dol iomrall om òige,  
Ged bha 'n lagh le bhagradh feirge 's a mhallachadh  
gun seirm rium,  
Gidheadh, bha nàmhaid m' anama rium còrdte.

Ach on a chaidh mo dhùsgadh, 's a thàinig Ìosa  
dlùth dhomh  
'Chur lèirsinn na mo shùilean na thròcair,  
'S e ghabh os làimh mo chùis, 's e m' fhear-tagraidh  
anns a' chùirt e,  
'S chan fhaigh m' fhear-casaid gnùis bho lehòbha.

Tha agam ann an Crìosd na tha m' anam bochd  
ag iarraidh,  
'S chan abair mi gu sìorraidh nach leòr e:  
Tha 'n t-uisge a' dol na fhìon ann; tha mìl is bainne 's  
biadh ann;  
Tha cridhealas is falachd is ceòl ann.

## Ùrnaigh

A Thighearna uile-bheannaichte,  
Is tusa Leòmhann Iudah,  
Is tusa an t-Uan a chaidh a mharbhadh,  
Is tusa ar Tùr agus ar Sgiath,  
anns a bheil sinn a' cur ar dòchais gu lèir.

Deònaich dhuinn, a Dhè,  
cuimhneachadh air do ghràs,  
cuimhneachadh air do mhathanas,  
cuimhneachadh air do ghaol,  
agus na beannachdan a tha thug thu  
dhuinn an-dè,  
a tha againn an-diugh  
agus a gheall thu dhuinn airson na  
làithean ri teachd.

Amen.